

## Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2017-2022.

### Freagairt Chomunn na Gàidhlig chun cho-chomhairleachadh

#### Toiseach

Tha CnaG a' cuir fàilte air an cothrom beachdan a thoirt seachad air an dreach Phlana Cànan Nàiseanta. Gu dearbh 's fhiach a bhith mothachail gum bheil sinn fiù's ann an suidheachadh a bhith a' deasbad an treasaibh Plana Cànan ann an Alba. 'Se adhartas nach bu bheag a tha sin. Tha mòran anns an dreach Phlana a tha seo a tha furasta aontachadh – prionnsabalan bunaiteach a thaobh inbhe na Gàidhlig, agus taic airson a leasachadh san àm ri teachd. Ged tha, tha sinn dhan bheachd gum bheil feum air neartachadh ann an àite na dhà – gu sònraichte a thaobh a bhith mothchail dha na dùbhlain a tha romhainn, agus na goireasan a tha gu bhith a dhith airson a' Ghàidhlig a chumail làidir is seasmhach mar cànan làitheil.

Aig fìor toiseach am freagairt a tha seo, tha CnaG a' dol a mholadh sùil air na goireasan a th'aig Bòrd na Gàidhlig. Tha e riatanach gum bheil buidheann nàiseanta dha leithid ann, le goireasan gu leòr a liges leòtha a dhol an sàs anns an cuid obrach gu h-èifeachdach. Anns an t-seadh seo tha sinn a-mach air buidsead – gach cuid an sporan leasachaidh a th'aca ri chosg air pròiseactan is gnìomh; ach cuideachd buidsead airson a' bhuidheann fhèin a bhith air stèidh cheart airson taic a chumail ri coimhearsnachd na Gàidhlig agus na diofar bhuidhnean leasachaidh a tha an sàs innte. Ma tha Alba dha rìreabh airson gum bith a' Ghàidhlig beò tron an linn a tha romhainn, agus às a dheidh, feumar coimhead ri na dùbhlain a tha ann, is gabhail ris gum bheil goireas a bharrachd a dhith air a' phrìomh bhuidhean leasachaidh.

Cuideachd, tha fios aig CnaG gum bheil Comann nam Pàrant (Nàiseanta) air freagairt a thoirt seachad dhan a' cho-chomhairleachadh a tha seo, le sùil sònraichte air foghlam, suidheachadh na tràth bhliadhnachan, coimhearsnachdan agus cor na Gàidhlig anns an dachaigh. Tha CnaG ag aontachadh ri na beachdan a tha sin, agus a' cumail taic riutha. Tha sinn an duil nach leig sinn a leas a bhith gam mineachadh air fad a-rithist anns am freagairt againn fhìn.

*(Bho seo a-mach feuchaidh sinn ri na beachdan againn a cheangal ri na earrainnean anns an dreach Phlana, gad nach bitheadh freagairt againn air a h-uile pàirt. Tha cuid de na cuspairean anns an dreach Phlana air an togail uair na dhà, ann an diofar earrainnean. Tha sinn an dòchas gun tèid gabhail ri na beachdhan a th'againn fodha, eadhan ged nach bitheadh iad, dha rìreabh, air an clàradh mu choinneamh an earrainn "cheart" dhan Phlana.)*

#### A' cur na Gàidhlig air adhart.

Tha sinn ag aontachadh gu mòr gum bheil e na phrìomhachas a dhol an sàs anns an obair seo, agus tha sinn toilichte faicinn gum bheil e a' faighinn a leithid a chuideam. Tha sinn gu làidir dhan bheachd gum bheil seo bunaiteach san là a th'ann. Tha cus, cus càineadh is gearainn ga dhèanamh mun Ghàidhlig ann an conaltradh poblach mun Ghàidhlig – ge bith anns na meadhanan traidiseanta neo na meadhanan sòisealta ùr. Mar às àbhaist tha seo stèidhichte air aineolas neo beachdan gràinneil. Chaidh a' chuspair seo a dheagh rannsachadh is a mhìneachadh grunnan turasan cheana – mar eisimpleir leis an t-Oll Coinneach MacFhionghuinn – agus saoilidh sinn nach lig sinn a leas a leithid a dhèanamh a-rithist. **Feumar strì làidir a dhèanamh an aghaidh seo.** Faodaidh sinn a bhith cinnteach gum bheil an sruth-càinidh a tha seo a' deànamh milleadh air a' Ghàidhlig ann an iomadh dòigh: bheir e buaidh air beachdan phàrantan a thaobh FTMG; bheir e buaidh air beachdan is misneachd an òigridh fhèin; bheir e buaidh air co-dhùnaidhean dhaoine mu dreuchdan Gàidhlig; bheir e fiùs buaidh air misneachd feadhainn a dh'ionnsaich an cuid Gàidhlig bhon ghlùn anns an dachaigh.

Gun teagamh sam bith cha dèan seo, leis fhèin, a chùis air ath-bheothachadh a thoirt air a Ghàidhlig, ach bhithheadh e na cheum chudromach.

“Iomadachd agus in-ghabhail” Tha sinn ag aontachadh ri na thuirt Comann nam Pàrant mun seo – gum bu chòir barrachd a dhèanamh ann an saoghal foghlam gus a bhith cinnteach gum bheil FTMG dha rìreabh in-ghabhaltach, ach saoilidh sinne gum bheil rudeigin nas bunaitiche an luib a’ chuspair sa. Ann an Alba ‘san là a th’ann, tha buidheanan ann a tha a’ strì a thaobh co-ionannachd agus iomadachd. Tha diofar mion-bhuidhnean air an dìon gu h-oifigeil bho chàineadh agus beachdan gràinneil. Tha seo ceart, agus ‘s ann mar sin a bu chòir. Ged tha, chan eil dad a dhìon ga dhèanamh air luchd-labhairt mion-chànain na Gàidhlig. Tha sinn dhan bheachd gum bu chòir deiligidh ri seo, a dh’aona gnothach, le na diofar bhuidhean a tha ag obair anns an raon seo – mar eisimpleir Co-ionannachd Alba (*Equalities Scotland*).

### Ag ionnsachadh Gàidhlig

Tha CnaG a’ cur fàilte mhòr air an taic a tha an Riaghaltas seo air sealltainn dhan Ghàidhlig agus do foghlam Gàidhlig. Bha sinn toilichte taic a chumail ris an Stiùireadh Nàiseanta air Foghlam Gàidhlig a dh’fhoillsichear bho chionn grunnan mhiosan. Ged tha, ma tha FTMG gu bhith na bhun-stèidh air ath-bheòthachadh na Gàidhlig, tha e ro-chudromach gum bheil e dha rìreabh a’ freagairt air na tha a dhìth. Tha duilgheadasan sònraichte mu choinneamh FTMG an dràsta, agus bha bho chionn ùine: tha dùbhlann mòr ann a thaobh fasdadh thidsearan; tha cuid a dh’Ùghdarrasan Ionadail nach eil cho taiceil (a dh’aindeoin an Stiùireadh Reachdail ùr); tha sinn a’ call clann fhad’s a tha iad a’ fàs suas tron siostam foghlam; tha ceistean ann mu ‘doimhneachd’ FTMG ann an diofar sgoiltean, agus a thaobh fileantachd an òigridh a tha a’ tighinn troimhn’ siostam.

Tha sinn ag aithneachadh cho duilich is a tha an suidheachadh a thaobh buidseadan poblach, ach ma tha e a’ dol a shoirbheachadh le amasan a’ Phlana seo, tha e dha rìreabh riatanach gun toirear cruth-atharrachaidh air an dòigh ‘s a tha an siostam foghlam seo ga leasachadh is ga lìbhrigeadh. Tha sinn ag aontachadh gu mòr ri beachdan Chomann nam Pàrant an seo: gum bheil cunnart ann gun deàn ‘droch lìbhrigeadh’ air FTMG milleadh air cliù na Gàidhlig ann an suilean phàrantan is òigridh.

A thaobh ionnsachadh inbhich, tha e follaiseach dhuinne gum bheil feum air ìnnleachd ùr an seo. Chan eil Ulpan ga bhrosnachadh anns an dòigh ‘s a bha uaireigin, is tha sinn a’ tuigse gum bheil cuid a cheistean ann mun mhodal seo; chan eil buidhean riochdachaidh ann bho dhùn CLÌ.

A’ coimhead ri gach cuid ionnsachadh òigridh agus ionnsachadh inbhich, tha e deatamach gum bith cothroman cleachdaidh aig luchd-ionnsachadh na Gàidhlig. Às aonais seo cha tig iad idir gu ìre fileantachd mar a mhiannaicheadh sinn, agus mar a tha a dhìth air saoghal na Gàidhlig. Feumaidh na cothroman seo a bhith ag diofar ìrean, a rèir comasan cànan an luchd-ionnsachaidh, agus a rèir an aois.

**Tha sinn a’ faicinn amasan anns an dreach Phlana a thaobh a bhith a’ toirt fàs air na cothroman a th’ aig an òigridh a bhith a’ cleachdadh an cuid Gàidhlig. Ged tha, anns an earrainn a thaobh foghlam, chan eil sinn a’ faicinn cus mu nithean taobh a-muigh na sgoiltean – cothroman ‘extra curricular’. Tha sinn dhan bheachd gum bheil iad seo riatanach, agus gum bu chòir an ainmeachadh gu sònraichte.**

### Priomhachasan Nàiseanta/Gàidhlig ann an Alba

Tha e cudromach dha rìreabh gun tèid coimhead ri na dòighean sam bheil poileasaidhean mòra, nàiseanta, a’ bualadh air a’ Ghàidhlig. Anns an earrainn seo, tha sinn gu sònraichte ag aithneachadh na dùbhlain a tha an luib crìonadh eaconamach is sòisealta anns na coimhearsnachdan traidiseanta, Gàidhlig anns na h-eileanan an iar, agus air taobh siar na h-Alba. Mathaid gur e seo aon de na dùbhlain as motha a tha mu choinneamh a’ Ghàidhlig anns na deichean de bhliadhnan a tha romhainn.

Tha sinn a’ faicinn, ann an grunnan àitean san dreach Phlana seo, an amas gus Gàidhlig a bhrosnachadh “anns a’ choimhearsnachd”; agus tha sinn a’ faicinn na diofar mìneachaidhean a thugadh seachad air ‘coimhearsnachd’. Tha CnaG ag aontachadh gum bheil na diofar choimhearsnachdan seo ann – anns na

sgìrean traidiseanta; aig deas ‘anns a bhaile mhòr’; agus ‘air loidhne’. Cha bu mhath leinn gun tachradh neo gun deànadh càil gus droch bhuaidh a thoirt air misneachd na diofar choimhearsnachdan seo, oir tha iad uile cudromach. Ged tha, a dh’aindheoin sin a radha, tha sinn draghail mu cor na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan traidiseanta. Tha e fìor gum foadadh cànan a bhith beò às aonais dùthaich, fhad’s a bhitheadh daoine a’ cruinneachadh gus a bruidhinn air dòigh a choreigin, ach ann an suidheachadh na Gàidhlig tha sinn fortanach gum bheil coimhearsnachdan traidiseanta againn fhathast. Tha àite air leth aig na coimhearsnachdan seo ann an saoghal na Gàidhlig, feadhainn a dh’fhalbh mar phàirt dhan ‘diaspora’, neo fiù’s luchd-ionnsachaidh ùr a bhitheas a’ coimhead ri na coimhearsnachdan seo mar “cridhe” a’ chànain. Ma liges sinn leis a Ghaidhlig a dhol air ais ro fhada anns na coimhearsnachdan traidiseanta seo caillidh sinn rudeigin a tha ro-chudromach. **Tha CnaG dhan bheachd gum bu chòir prìomhachas a thoirt dha na coimhearsnachdan seo, aig an aon àm ri bhith a’ cumail taic cheart ri coimhearsnachdan ùra a th’air fàs suas mu thimcheall FTMG.**

### Puingean san fharsuingeachd

‘S ann ainneamh anns an dreach Phlana seo a tha sinn a’ faicinn figearan neo amasan sònraichte a thaobh fàs: tha iomradh ann air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig; tha iomradh ann air an àireamh de sgoiltean Ghàidhlig; iomradh air an amas a bhith a’ libhrigeadh FTMG ann an paraisdean far an robh luchd-labhairt na Gàidhlig air an clàradh sa Chunntas Sluaigh - ach a thuilleadh air sin glè bheag a bheireadh cothrom do dhaoine a bhith a’ tomhas soirbheachas aig a’ cheann thall.

Cuideachd, chan eil dad ann mu gnìomhan sònraichte. Tuigidh sinn gur dòcha nach e seo an seòrsa Plana a tha siud, ach tha e cudromach gum faicear an àiteigin na gnìomhan agus na targaidean a tha a’ sruthadh às a’ Phlana tha seo. Chuireadh sinn fàilte cuideachd air cothrom ar beachdan a thoirt seachad air leithid a Phlana Gnìomh – oir ‘s ann tron a sin a bheireadh amasan an dreach Phlana Cànan Nàiseanta gu buil.

### Ceistean sònraichte a cho-chomhairleachaidh

1) Tha cumadh a’ Phlana a’ gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a’ Phlana agus air an àrd-amas againn?

Tha e freagarrach is ciallach a bhith a’ coimhead ri amasan, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan, ach leis an structur a tha seo – neo mar a tha e air a chuir an sàs - tha dùblachadh fiosrachadh ann. Bhitheadh na b’fhasa a leughadh is a thuigse mar a tachradh seo.

2) Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a’ Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a’ cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a’ chuspair seo?

Tha sinn ag aontachadh gu tur gum bheil feum aig a Ghàidhlig air deagh ìomhaigh – mar a thuirt sinn fhìn gu h-àrd, tha sin uile gu lèir riatanach ann an iomadh dòigh ma tha e a’ dol a shoirbheachadh le leasachadh na Gàidhlig, cho luaithe ri ceistean co-ionannachd. Ma tha aon rud ann far am bitheadh beagan de cheist oirnn, bhitheadh sinn ceangailte ri Planaichean Gàidhlig na buidhnean poblach. Tha sinn air faicinn uair na dhà mar a dh’fhaodas na meadhanan càineadh a dhèanamh orra seo, cho luaithe ri na beachdan an luchd-obrach fhèin. Bu chòir a bhith cinnteach gum bheil na plannaichean seo aig ìre freagarrach a thaobh a’ bhuidheann fhèin agus na sgìrean far am bheil e ag obair.

3) Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a’ Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig?

Tha sinn fhèin ag aontachadh – is bha bho chionn fhada – gum bheil foghlam is ionnsachadh aig cridhe leasachadh na Gàidhlig. Tha sinn ag aontachadh cuideachd ri na prìomh raointean a thagh sibh – ach mar a

thuirt sinn gu h-àrd tha dùbhlann mhòra dha rìreabh an luib seo ma tha e a' dol a shoirbheachadh le foghlam aig gach ìre. Togaidh sinn a' phuing a-rithist gum bheil feum aig an òigridh agus air inbhich air taghadh farsuinn de chothroman còmhraidh taobh a-muigh a chlas, is gum bheil seo gu tur riatanach ma tha iad a' dol a ruighinn ìre fileantachd freagarrach.

4) Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig?

Tha sinn ag aontachadh ri na raointean a tha seo, agus cuideachd gur iad an dachaigh agus an òigridh a th'aig mullach an liosta – ma tha seo a' ciallachadh gur iad a tha a' faighinn prìomhachas.

5) Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum?

Mar gu h-àrd, tha sinn ag aontachadh gum bheil na gealltanasan a tha seo freagarrach. Bhitheadh e feumail nan robh barrachd fiosrachadh nan luib a thaobh gnìomh agus targaidean, ach thuigeadh sinn ged nach bitheadh seo an àite ceart air an son. A' leantainn air na puingeann nas fharsuinge againn, bheireadh sinn àite sònraichte is prìomhachas dhan chiad trì raointean seo: an dachaigh; an òigridh; is coimhearsnachdan 'tradiseanta'.

6) Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingeann eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal.

Saoilidh sinn gum bheil sinn air seo a dhèanamh anns na briathran againn gu h-àrd.

### Crioch

Tha Comunn na Gàidhlig toilichte an cothrom fhaighinn beachdan a thoirt seachad air an dreach Phlana a tha seo, agus nì sinn fiùghar ri faicinn am Plana Cànan a thig às a phròiseas seo. Tha sinn dhan bheachd, ged a tha sinn air puingeann sònraichte a thogail gu h-àrd, gum bheil bunait làidir gu leòr an seo air an urrainn saoghal na Gàidhlig gluasad air adhart.

Nan robh sinn a' dol a thogail aon phuing gu sònraichte às na briathran is na beachdan againne ged tha, 'se sin gum bheil feum air goireas a bharrachd, ann an diofar raointean ma tha e a' dol a shoirbheachadh leis a Ghàidhlig anns an ùine meadhanach is fada a tha romhainn. Tha sinn a' tuigse gur dòcha nach eil e 'fasanta' a bhith a' bruidhinn air a leithid, ach chan fhaic sinn dòigh anns an tig am fàs a mhiannaicheadh sinn air a Ghàidhlig às aonais seo.

Dòmhnall MacNèill,  
Ceannard,  
Comunn na Gàidhlig.  
Cèitean 2017.